

AN DUBHADH

Thòisich an Dubhadh air 1 Sultain 1939, dà latha mus do thòisich an Dàrna Cogadh. Chaidh lampaichean sràide a chur dheth agus soidhnichean rèile agus rathaid a thoirt a-nuas; bha casg fiù 's air solais càir agus air siogaraits laste.

Aig an taigh, dh'fheumadh gach uinneag a bhith air a còmhdach le aodach cotain dubh. Dh'fheumadh an riaghaltas dèanamh cinnteach gun robh aodach dubhaidh gu leòr ann airson gach dachaigh, agus gun robh airgead gu leòr aig a h-uile neach airson a cheannach. Ach chleachd mòran dhaoine peant no cairt-bòrd gus cosgaisean a chumail sìos.

Dh'fhaodadh teaghlaichean ùine mhòr a chur seachad a' cur suas aodach dubhaidh agus an uair sin gheibheadh iad a-mach nach robh e tiugh gu leòr gus an solas a chumail a-staigh. Thug e buaidh air gnìomhachasan cuideachd. Bha mullaich ghlainne air cuid de dh'fhactaraidhean. Dh'fheumadh iad a bhith air am peantadh dubh agus bha seo glè chosgail. Dh'fheumadh luchd-bùtha smaoinichadh air dòigh air luchd-ceannach a leigeil a-mach gun solas bho thaobh a-staigh na bùtha a bhith ri fhaicinn. Gu tric chleachdadh iad dà sheat dhorsan, aonan gus an solas a chumail a-staigh agus seat dhorsan a-muigh chun a' chabhsair.

Bha e an urra ri maoir ARP (Air Raid Patrol) dèanamh cinnteach gun deach cumail ris na riaghailtean. Dheigheadh càin air daoine no bhiodh aca ri nochdadh sa chùirt mura dèanadh iad mar a chaidh iarraidh orra.

Chaidh an àireamh dhaoine a fhuair bàs ann an tubaistean rathaid agus a chaidh a bhàthadh suas leis nach fhaiceadh daoine càit an robh iad a' dol. Ro 1940 bha toirdsichean ceadaichte fhad 's a bha iad a' coimhead sìos agus an solas a chòmhdach le pàipear tana, dubh. San aon bhliadhna, chaidh an casg air astar a leagail gu 20msu agus chaidh loidhnichean geala a chur am meadhan nan rathaidean – mar a tha ann fhathast an-diugh. Chaidh oir nan cabhsairean a pheantadh geal cuideachd, ged a bha na bu lugha de chàraichean air na rathaidean a-nis air sgàth raiseanadh air peatrail. Ro 1942 cha robh peatrail sam bith ann do chàraichean priòbhaideach.

Ann an 1944 chaidh an Doilleireadh a thoirt a-steach. Bha seo a' ciallachadh gum faodadh solas uimhir ri solas na gealaich a bhith ri fhaicinn, ged a bha dùil ri làn-dubhadh nam biodh glag ionnsaigh-adhair ri cluinntinn.

Aig deireadh a' chogaidh, ann an 1945, chaidh solais sràide a chur air a-rithist agus thug seo togail mhòr don t-sluagh.